

Taisbeanadh Ealain an Adhair sa Ghleann Mhòr

18/19 an t-Sultain 2010

Institiùd Nuadh Ealain na Gàidhealtachd Dail
Chrombaidh, Loch Ruadhainn Siorrachd Inbhir Nis IV2
6UA

agus aig

Outlandia, Gleann Nibheis, Loch Abar, Alba

DISATHAIRNE 18 AN T-SULTAIN

Taisbeanadh Ealain an Adhair sa Ghleann Mhòr, cluichean is cuirmean
an asgaidh aig HICA 2-5f

- sgrùdadh san adhar air sruthan gaoithe os cionn Loch Ruadhainn le luchd-ealain Dùitseach, **Esther Polak** agus **Ivar van Bekkum**. Cleachdaidh Polak teicneòlas comharrachadh àite sa chruinne (GPS) sa chluich bheò seo ri taobh na locha.
- Foillsichidh **London Fieldworks** obair ùr sa choille. Tha seo a' dèanamh dheth gur e manadh a th' ann an ealta eòin, na phàirt den t-seann dòigh fàisneachd a dhèanamh le eòin. Chaidh am pròiseact a chur air chois ann an co-bhann ri treòraiche eòin a bha roimhe na shealgair ann an Coille-uisge Bhrasilianach a' Chuain Siar.
- Leughaidh **Alec Finlay** dàin *Sky-wheels* fo rothair gaoithe a ghabhas ruigsinn tron choille.
- Tarraingidh an dealbhadair Brasilianach, **Camila Sposati**, dealbh ana-mhòr de cheò thar fàire a' mhonaidh, *Yellow Vanishing Point*, air lorg cruth, clàr is naisg nam beann, ann an cluich aithghearr a ghabhas a' ghaoth don iarmailt.
- A' cur "itealagan prìomhach" air sgèith. Freagarrach do dhaoine a tha eòlach air itealagan.

Biadh air a' Bhlàir A-muigh 5-8f **Àrainn an Adhair** 6-7.30f. Clàr òraidean gun chosgais.

- Beachdaichidh **Louise K Wilson** air Spadeadam, am pròiseact san robh i a' feuchainn ri lorg fhaighinn air fuigheall prògram fànais Bhreatainn don deach cur às, Blue Streak.
- Bheir **Gair Dunlop** beachd air a chuid obair bhideo is dhealbhan, a tha a' buntainn ri àrc-eòlas raon-adhair an latha an-diugh agus ri a phròiseact fhèin a tha san amharc aig ionad niùclasach Dhùnrrath.
- Bruidhnidh **Esther Polak** air na dh'fhaodas èirigh à barrachd cleachdadh teicneòlas GPS le sìobhaltaich.
- Bruidhnidh an Stiùiriche, neach-iomairt cultair agus Ealain Dubh

Èireann, **Claudia Zeiske**, air coiseachd agus ealain.

DIDÒMHNAICH 19 AN T-SULTAIN

Cuairt bus anns a' Ghleann Mhòr, 10m-5f, fo iùil an neach-ealain, Adam Dant, ann an còmhradh ri Rob La Frenais, an cùradair aig The Arts Catalyst. Thèid an tachartas aon latha seo a chumail air fad a' ghlinne ghreadhnach seo, is e a' foillseachadh feartan annasach Loch Nis 's a' chladhain-uisge le taic "mapa adhair" ùr a bh' air a dhealbhadh le Dant. Thèid clach-mhullaich a chur air an turas nuair a ruigeas e, agus a dh'fhoillsicheas, **Outlandia** don phoball, taigh craoibhe do luchd-ealain. 'S e Dant a' chiad fhear am measg iomadh neach-ealain a bhios a' toirt cruth-atharrachadh air an stiùidio adhair bàrr shamhlach seo, a bh' air a thùr 's a dhealbhadh le London Fieldworks mar phròiseact maireannach do luchd-ealain anns a' Ghearastan.

Tha Taisbeanadh Adhair nan Luchd-ealain air a chur mur coinneimh le The Arts Catalyst ann an co-chomann le Institiùd Nuadh Ealain na Gàidhealtachd (HICA). Chaidh cuairt bus Didòmhnaich a dhealbhadh ann an co-cheangal ri pròiseact taigh craoibhe nan luchd-ealain aig London Fieldworks, *Outlandia*, ann an Gleann Nibheis.